

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## CUART MHÒR AN LEABHAIR MHÒIR

**14 An t-Sultain 2009**

Bidh cuairt eadar-nàiseanta de cheud pìos ealain Gàidhlig air a leudachadh mar thoradh air taic bho Riaghaltas na h-Alba.

A' bruidhinn aig co-labhairt Islands Emigrants san Òb anns na Hearadh, dh'fhoillsich Ministear na Gàidhlig Mìcheal Russell maoineachadh de £15,000 a' toirt taic do shreath thachartasan agus chùisean eile rè cuairt Leabhar Mòr na Gàidhlig ann an Albainn Nuadh, Canada.

'S e am pròiseact soirbheachail Leabhar Mòr na Gàidhlig cruinneachadh de 100 pìos obair-ealain a chaidh an coimiseanadh stèidhichte air bàrdachd ann an Gàidhlig na h-Alba agus na h-Èireann. Chan e a-mhàin an taisbeanadh seo de dh'obair-ealain ùr a tha an seo, ach leabhar a choisinn duaisean, CD de dh'òrain, film air BBC, DVD, sreathan rèidio, pasgan foghlaim agus làrach-lìn. Thadhail e ann an 45 àiteachan an Alba agus Èireann agus thall thairis ann an ceàrnaidhean anns a bheil eilthirich à Alba air a dhol a dh'fhuireach.

Thuirt Michael Russell:

"Tha co-labhairt Island Emigrants air coimhead gu sònraichte ri eachdraidh nan daoine a dh'fhàg na h-eileanan seo agus a thuinich ann an ceàrnaidhean eile den t-saoghal.

"Tha iomadh ceangal làidir a-nis eadar coimhearsnachdan an seo agus air feadh an t-saoghail. Tha Leabhar Mòr na Gàidhlig na fhìor eisimpleir air mar a tha na ceanglaichean sin comasach air beatha chultarail nan coimhearsnachdan air gach taobh a neartachadh.

"Bha mi a' toirt taic do phròiseact an Leabhair Mhòir agus tha mi toilichte gum b' urrainn dhuinn taic a thoirt don phrògram aige a tha a' sìor fhàs mus tèid e air an turas seo do dh'Albainn Nuadh."

Fosglaidh taisbeanadh Leabhar Mòr na Gàidhlig an Oilthigh Cheap Breatainn, Sydney air 25 Sultain. Bidh e a' tadhal air Port Hawkesbury, Halifax agus Kentville as t-Earrach an ath-bhliadhna agus a' crìochnachadh a' cheum seo den chuairt aige an Antigonish nas fhaide air adhart den bhliadhna.

Thuirt Calum MacIlleathain, Stiùiriche Pròiseact nan Ealan:

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



"Tha sinn a' cur fàilte bhlàth air an taic seo bho Riaghaltas na h-Alba airson cuairt an Leabhair Mhòir an Albainn Nuadh. Tha an taisbeanadh air a bhith air chuairt a-nis airson faisg air seachd bliadhna ann an àiteachan cliùiteach air feadh 50 sgìrean agus air fhaicinn le còrr air dà mhillean duine. Tha sinn air leth toilichte a bhith ag obair còmhla ri Riaghaltas Albainn Nuaidh a tha a' maoinachadh agus a' cur air dòigh na cuairt a chumas a' dol gu 2011. Tha an taic seo bho Riaghaltas na h-Alba a' nochdadh taic don phròiseact agus do na ceanglaichean cudromach a tha eadar Alba agus Albainn Nuadh."

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig

<http://www.theislandsbooktrust.com/events>

Cuiribh fios gu: Joni Smith: 0131 556 8400

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## A GREAT TOUR FOR THE GREAT BOOK

**14 September 2009**

An international tour of one hundred works of Gaelic art will extend its reach thanks to support from the Scottish Government.

Addressing the Islands Emigrants conference in Leverburgh, Harris, Minister for Gaelic Michael Russell announced funding of £15,000 to support a series of events and other activity during The Great Book of Gaelic's tour of Nova Scotia, Canada.

The hugely successful Great Book of Gaelic project is a collection of 100 commissioned artworks based on Scottish and Irish Gaelic poems. As well as this exhibition of the original artwork, it is an award-winning book, CD of songs, BBC film, DVD, several radio series, an education pack and a website.

It has toured 45 venues in Scotland and Ireland and has reached out overseas to areas where Scottish emigrants have settled.

Michael Russell said:

"The Island Emigrants conference has focused on the stories of the many people who have left these islands and settled in other parts of the world.

"Many strong links now exist between communities here and around the world.

The Great Book of Gaelic is a fantastic example of how these links can and do enrich the cultural lives of communities on both sides.

"I have been a strong supporter of The Great Book project and I am glad we have been able to support its ever more ambitious programme as it embarks on this run in Nova Scotia."

The Great Book of Gaelic exhibition will open at Cape Breton University, Sydney on September 25. It will tour Port Hawkesbury, Halifax and Kentville next Spring before ending this leg of its tour in Antigonish later in the year.

Malcolm MacLean, Director of Pròiseact nan Ealan, said:

"We warmly welcome this support from the Scottish Government towards the Leabhar Mòr tour of Nova Scotia. The exhibition has been touring now for nearly seven years to prestige venues in 50 locations and has been seen by more than two million people. We are delighted to be working with the Nova Scotia Government who are sponsoring and

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



organising the tour which will continue into 2011. This support from the Scottish Government demonstrates support for the project and the important links that exist between Scotland and Nova Scotia."

More information at <http://www.theislandsbooktrust.com/events>

Contact: Joni Smith: 0131 556 8400